

Siuthad! Gabh òran!



Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd

(Le Blair Dùbhghlas (le cead bho Blair Douglas Music)



Air a sheinn le Art MacCarraig air *Ruith na Gaoith* (Temple Records)

Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd
Dannsa gu madainn mhoch
Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd
Nuair a chluinneas i an druma a' bualadh.

Diluain, Dimàirt, Diciadain, Diardaoin,
Obair thràilleil 's obair chruaidh
Ach nuair a thig oidhche Dihaoin'
Bidh Màiri Ruadh a' dannsa.

Coma leat cadal, coma leat sìth
Tha ceòl nar n-anam 's ceòl nar cridh'
'S leanaidh sinn dlùth tro shràidean Phort Rìgh
Cas-cheum a' Chòmhlain.

Gleus a' phìob, gleus an fhidheall
Caismeachd, ruidhle 's puirt chridheil
Sìos tron bhaile bidh sinne a' triall
Is Màiri Ruadh a' dannsa.





Siuthad! Gabh òran!



Illean bithibh sunndach

(Mairidh Gaol is Cèol le Mac-talla air Temple Records)


Illean bithibh sunndach a-null air a' bhòidse
Fàgail ar dùthcha gun dùil ri tigh'nn beò ann
Illean bithibh sunndach a-null air a' bhòidse

Illean cridheil gaolach, togaibh rith' a h-aodach
Tha buidheann mo ghaoil-sa Diardaoin 'dol a sheòladh.

Gur mise tha gu cianail a' fàgail a' Chrianain
A' dol dhan dùthaich fhiadhaich a dh'iarraidh ar lòn às.

Gur mise tha fo ghruaimean a' dol a shiubhal chuantan
Tha 'n soitheach dubh a' gluasad gu muldach a' seòladh.

Tha sinne 'dol dh'Ameireaga far nach bi cùram eile oirnn
Cho fad 's a mhaireas coille dhuinn an Eilean Nova Scotia.



Siuthad! Gabh òran!



An Ceann do Chosnaidh

(Faclann: Shona NicCarraig
Air fonn: *Ho ro mo nighean donn bhòidheach*)




Ho ro tha sinn ag obair
Hi ri tha sinn ag obair
Fad' an latha ag obair
An oifis no am bùth.

'S e gruagaire a th' annamsa
Ag obair air falt dhaoine
A' coimhead ann an irisean
Airson stoidhle ùr an-diugh.

An e clachair math a th' annadsa
A' togail taigh do Dhonnchadh?
San uisge no san t-sneachda
A h-uile latha a-muigh.

Seo mo phiuthar Sine
'S e neach-frithealaidh a th' innte
Ag obair an taigh-òsta
As t-samhradh am Port Rìgh.

Seall air Dòmhnall Grannd
Oir 's e dotair math a th' ann
Trang san ionad-slàinte –
Mo chreach, mo chas, mo cheann!



Siuthad! Gabh òran!



Saor-làithean

(Faclann: Shona NicCarraig
Air fonn: *Eilidh*)

Chaidh mi fhìn 's mo theaghlach air saor-làithean
Dh'fhalbh sinn airson seachdain anns a' Mhàrt
Fhuair sinn dhan phort-adhair ann an tagsaidh
Is dh'fhalbh sinn air plèana dhan Spàinn.

Ghabh sinn cuairt air margaidhean is bùthan
'S sinn anns a' mhuir a' cluich agus a' snàmh
Diciadain air an tràigh a' gabhail na grèine
Leugh mi leabhar nam laighe anns a' bhlàths.

Ghabh sinn biadh an taigh-bìdh spaideil feasgar
Dh'ith mi iasg agus dh'òl mi deoch
Sheinn mi agus dhanns mi aig club-oidhche
'S bha nàire orm nuair dhanns mo mhàthair bhochd!

Dihaoine, rinn sinn beagan coiseachd-monaidh
Thuit mi agus ghoirtich mi mo dhruim
A' seòladh ann am bàta fad an fheasgair
Bha cur na mara orm 's bha mi tinn.

